

**Ceud mìle fàilte gu Diùranais**  
**Làrach-lìn Coimhearsnachd Dhiùranais**  
**Gàidhealtachd na h-Alba**

<http://www.durness.org/Loch%20Croispol/Page%201.htm>

Rannsachadh is Mìneachadh air fearann Loch Croispal,  
Taigh-sgoile Croispal agus inbhe na sgìre ann an dualchas  
agus eachdraidh Dhùthaich Mhic Aoidh



[Taisbeanadh air an togalach bho Mhàrt 2009](#)

[Turas beò 360° air an sgìre mu thimcheall air an Taigh Sgoile](#)

[Feuchaibh is innsibh dè ur beachd air a' làraich-lìn againn](#)

- An ceud turas
- Aithisgean nam meadhanan
- Dè na tha sin ag iarraidh às an rannsachadh àrc-eòlais
- Adhartas
  - Deisealachadh airson na h-obrach
  - Arc-eòlas seachdain 1
  - Arc-eòlas seachdain 2 a' lorg ceann-saighead nuadh-litic
- Cuairt poblach le treòrachadh An t-luchar 2009 chuirinn fàilte air barailean mun turas seo air neo an làrach-lìn fhèin
- 'Reading the Landscape' - turas agus òraid bho 22 Lùnastal
- 'Planting the Past and Exploring the Traditions' - ceann-seachdain thachartasan
- Ionntas mun tìdear gun sgoilearan - Naidheachdan a' BhBC Diciadain 28 An Dàmhair
- Radio Canada CBC AS IT HAPPENS air rèidio nàiseanta Chanada, 29 Dàmhair 2009 agallamh le Graham Brus
- Darna tadhal Anndra Knight, an ailtire glèidhteachais
- Tha luchd-ealain an dèidh tòiseachadh air a' phròiseact a chlàradh. Gheibhear seo nuair a tha e deiseal
- Thathas a' dèanamh clàradh bhideo air a' phròiseact

Tha sgeulachd tlachdmhor an àite seo a' toirt dhuinne sealladh dha-rìribh air foghlam agus beatha mhuinntir na Gàidhealtachd san 18mh linn agus aig toiseach na 19mh linne. Tha eachdraidh farsaing aig làraich an taigh-sgoile, agus thathas a' faicinn diofar chothroman

chum an togalach a dhaingneachadh, a rannsachadh agus sgeulachd an àite innse don mhòr-shluagh. Is mòr na cothroman airson barrachd rannsachaidh a chumail air an taigh-sgoile – eadar a bhi coimhead ri eachdraidh an SSPCK, stuth bho dhiofar thasglannan agus le barrachd sgrùdaidh air an togalach fhèin feuch am faighear a-mach cò ris a bha e coltach agus feidhir mar a dheigheadh a chleachdadh nuair a bha e slàn. Tha a' bhuidheann leasachaidh seo airson àrc-eòlaichean fhadstadh gus an tèid an làrach a chladhach, gu ìre car beag, ach an tuigear cò ris a bha an taigh-sgoile coltach mar a bhiodh e ag obrachadh nuair a bhithte a chleachdadh mar sgoile. Tha a' bhuidheann gu mòr airson a' choimhearsnachd a thoirt an sàs anns an rannsachaidh.

Tha liuthad thobhtaichean bho chaochladh linntean ri lorg an sgìre Loch Chroispal, ach is ged a tha i na sgìre sa bheil beartas de dh'àrc-eòlas, chan eil na nithean a lorgas an seo ga dèanamh eu-coltach ri àiteachan eile air feadh na siorrachd far am faighear an aon rud.

Tha cothrom air leth ann sgeulachd an àite innse gu fìrinneach, sgeulachd a bhiodh tlachdmhor aig muinntir an àite agus daoine a tha a' tadhail air Diùranais

Tha sinn ag amas cuideachadh a thoirt do luchd-tadhail air mar a dh'aithnicheas iad nithean anns a bheil luach eachdraidheil, gu h-àraidh cùirn tiodhlacaidh, cearcaill far an robh bothain nan seasamh, clachain a chaidh fhalamhachadh leis na Fuadaichean agus fearann àiteach air 'leasachadh' – agus a' brosnachadh luchd-tadhail a dhol a lorg an aon seòrsa làraichean air feadh na siorrachd.

Buinidh na comharraidhean a lorgas an seo ri diofar linntean, bho linntean ro-eachdraidh a-mach, agus tha iad uile ag innse rud mu carson is ciamar a chuir seachad daoine am beatha anns na diofar amannan seo. Nan deigheadh na diofar chomharraidhean seo a chuir ann an sreath timeil thar na linntean, gheibheadh daoine barrachd tuigse air dòigh-beatha nan daoine a thog agus a chleachd na togalaichean seo.

Theid coimhead ri carson a chaidh na clachain bheaga seo a stèidheachadh ann an àiteachan cho iomallach, cò iad an seòrsa thogalaichean a lorgas sna clachain seo agus carson a chaidh am fàgail. Tha seo a' gabhail a-steach chuspairean a leithid Linn an Umha agus atharrachadh anns an aimsir, an eaglais a bh' ann bho thùs aig Baile na Cille agus a buntanas ri Naomh Maolrubha, na Morairean Mheaghrath, leasachaidhean àiteachail, iasgach, Na Fuadaichean, croitearachd agus turasachd. Tha Loch Chroispal na phàirt de dhealbh mòra eachdraidheil is àrc-eòlais, agus lorgas ann an bailtean eile an Dùthaich Mhic Aoidh àiteachan eile aig a bheil eachdraidh luachmhor ann an sgeulachd na sgìre. Tha e cuideachd na amas sgrùdadh a dhèanamh air làraichean a bhuineas ri chèile ann an sgìre Dhiùranais agus Dùthaich Mhic Aoidh agus a' brosnachadh dhaoine a dhol a thadhail orra, a' gabhail a-steach a leithid Eaglais, Taigh agus Muileann-arbhair Bhaile na Cille, Ceann na Beinne, Leathad, Taigh-tasgaidh Shrath Nabhair, agus Cuairt Arc-eòlais Shrath Nabhair, làrach eachdraidheil/àrc-eòlais Asainte le sgrùdadh air an dàimh eatorra.

An ciad thuras chun na làraich.

- Manaidsear pròiseict airson dèiligeadh ri rianachd/co-òrdachadh, cur an gnìomh agus làimhseachadh a' phròiseict
- Manaidsear Rannsachadh Dualchais a chumas rannsachadh air stuth eachdraidheil a leithid mhapaichean, seann sgrìobhainnean is sgrìobhainnean eile agus airson trusadh bheachdan eòlaichean
- Àrc-eòlaichean a nì cladhach ach am faighear barrachd fiosrachaidh air coltas agus cleachdadh an taigh-sgoile nuair a bhathas ga chleachdadh agus airson faighinn lorg air earrannan eile dhen togalach a tha falaichte bho uachdar na talmhainn



Aithisgean sna naidheachdan

[Aithisg bhon naidheachdan Faoilleach 2009](#)

[Aithisg bhon naidheachdan Iuchar 2009](#). Chaidh i cuideachd a [chlò-bhualadh](#) agus a sgaoleadh tron sgìre

[Aithisg bhon naidheachdan Lùnastal 2009](#). Chaidh a [clò-bhualadh](#), a sgaoleadh agus a cuir am follais tron sgìre. Air a cuir gun Northern Times airson a' [Choilbh Dhiùranais](#)

[Aithisg bhon naidheachdan Sultain 2009](#)

[Bàrr na duilleig](#)

Na tha sinn airson fhaighinn a-mach às an sgrùdadh àrc-eòlais seo

1. Measadh air na air fhàgail dhen tobhta – fiosrachadh mu thogail, diofar dòighean air a chleachdadh, ath-thogail, msaa.
2. Fianais bho na h-uinneagan. An e aon sheòmar a bh' ann, dà dhiubh no barrachd?
3. A bheil dearbhadh sam bith ann gum bhiodh am Maighstir-sgoile a' gabhail còmhnaidh san togalach, agus an robh taigh agus sgoil ann (mar a lorgas an Sgoil Cheann na Beinne)?
4. An robh cagailte agus similear ann an ceann (an ear) an taighe?
5. Tha cunntasan na h-Eaglaise Dhiùranais ag innse gun deach pàigheadh airson farlas an 1772 agus gun deagh tughadh (tughadh ùr, is mathaid) a chuir air mullach an taighe. Thathas air corra leac-chrèadha a lorg aig làraich na sgoile, ge-tà. An deach leacan a chuir air a' mhullach a-rithist, air neo an tàinig na leacan-crèadha seo bho mhullach eile?
6. An gabh dearbhadh an robh seòmar-mullaich an idir?
7. An e ùrlar talmhainn, fiodha no leacan-cloiche a bh' ann?
8. A bheil fianais ann gu robh togalaichean eile ann cois?

9. A bheil am balla gun iar a' dol timcheall air gàradh?
10. Ann an cunntasan na sgoile 's an taigh-sgoile, thathas a-mach air pàigheadh mu choinneamh drochaid. A bheil càil idir ann a dhearbhas gu robh drochaid a-riamh ann tharais an uilt?
11. A bheil fianais sam bith bhon sgìre air fad air carson a chaidh an sgoil a thogail an seo?
12. Le bhi sgrùdadh na sgìre gu lèir, a bheil càil air fhàgail den a' chlachan Chnoc Breac san robh an sgoil?

[Sgrìobhainn fiosrachadh dha àrc-eòlaichean](#)

[Bàrr na duilleig](#)



Ceann an ear an togalaich



Ceann siar an togalaich

## Adhartas

- Tha cùmhnant àrc-eòlais air a thoirt gu **GUARD** (Glasgow University Archaeology Research Division) a thòiseachadh air an obair aig Loch Chroispol air Diluain 17mh Lùnastal. Mar phàirt dhen obair seo, theid claisean rannsachaidh a chladhach taobh a-staigh agus taobh a-muigh an taigh-sgoile (an dèidh dhan togalach ga dhèanamh seasmhach, sàbhailte), aithisg le dealbhan a sgrìobhadh airson pannalan-fiosrachaidh dha luchd-tadhail; agus measadh air na làraichean àrc-eòlais a chaidh ainmeachadh ann an sgrùdadh GUARD bho 2001 air an rubha, agus iad a' cur ri mìneachadh a' phròiseict. Tha sinn a' cur romhainn an taigh-sgoile agus am fearann mun cuairt air a rannsachadh le sgrùdadh EDM. Theid dà chlais a dhèanamh anns an taigh-sgoile, agus freagraidh seo ceistean air mar bhathas a' cleachdadh broinn an togalaich, dè mar a chaidh na diofar roinnean dhe an cleachdadh agus dè cho fada. Tha sinn cuideachd an dùil trì claisean beaga fhosgladh taobh a-muigh an taigh-sgoile agus anns a' ghàradh, feuch dè mar a chaidh am fearann a chuir gu feum. Theid na claisean a rannsachadh le sgioba de dh'àrc-eòlaichean (aig a bheil sàr-eòlas) thairis air ceala-deug. Theid na nithean agus an stuth a lorgas uile a chlàradh le dòighean clàraidh àbhaisteach, eadar sgrìobhadh, dealbhan agus dealbhan-camara. Theid far an lorgadh na diofar nithean a chlàradh ann an trì 'dimensions', agus dh'fhaodadh gun tèid buill-sampaill a thoirt air falbh airson 'radiocarbon dating'. An dèidh rannsachadh nan claisean, theid iad an lìonadh a-rithist agus na cip a chuir air ais le cùram. Thathas cuideachd airson coimhead a-rithist ris na làraichean bhon rannsachadh an 2001 ag amas air mìneachadh farsaing, slàn air cleachdadh na tìre thar linntean. Tha sinn airson is gun tèid toraidhean na h-obrach, a bharrachd air an rannsachadh ùr air na linntean bho amannan ro-eachdraidheil suas gu na linntean as dèidh nam meadhan aoisean an ceann a tuath na h-Alba san fharsaingeachd agus Dùthaich Mhic Aoidh gu sònraichte, a chleachdadh ann am foghlam airson a' phobaill, gabhail a-steach stuth bho na pannalan fiosrachaidh. Tha Buidheann Leasachaidh Dhiùranais air a bhi ag obair gu soirbheachail le GUARD <http://www.northsutherlandarchaeology.org.uk/index.htm> agus [Cruinneachadh air, dòigh fhaighinn agus mìneachadh air an dualchas, agus a-chum gus àrainneachd baile Cheann na Beinne a ghleidheadh mar a bha e ro àm nam Fuadaichean](#)

- Chaidh cumhnant a thoirt don **Dr Iseabail NicPhàil, Buidheann Rannsachaidh Asainte** a-chum rannsachadh air dualchas agus stuth thasglannan
  - Rannsachadh air stuth bho thasglannan airson aithisg shlàn fharsaing a chuir ri chèile, le stuth-comhairle sam bith a chaidh a lorg. Lorgaidh seo stuth airson nan pannalan fiosrachaidh is mìneachaidh.
  - Sgrùdadh farsaing a chruthachadh a-chum lionnra de chuaritean-slighe air feadh Dhùthaich Mhic Aoidh. Thathas ag amas air pròiseact agus bileag-fiosrachaidh air na dàimhean eatorra agus na diofar dhòighean-beatha. Theid coimhead ris a' bhuntanas eadar na comharraidhean seo le pròiseact mìneachaidh de lionnra eatorra.

Tha a' Bhuidheann Rannsachaidh Asainte air a' bhi an-sàs gu seo an obair comhairle as leth Urras Dhùthaich Mhic Aoidh, gu mòr an sàs anns a' phròiseact 'Back to the Future', agus an sàs cuideachd anns an iomairt air a bheil 'Summer Walkers'.

<http://www.mackaycountry.com/Projects/Back%20to%20the%20Future%201htm.htm>

- [Anndra PK Wright OBE](#) Ailtire Cairte - turas glèidhteachais agus sàbhailteachd na làraich sa Ghiblean



[Bàrr na duilleig](#)

- **Companaidh Togail Chaimbeil** obair-ùrachaidh air a dèanamh mar a chaidh mholadh





[Bàrr na duilleig](#)

**Cuairt le stiùir** mu Thaigh-sgoile Loch Chroispol a ghabh àite air Dihaoine 31<sup>mh</sup> Iuchar. Chaidh ochdnar dhaoine air a' chuairt seo, far an cuala iad geàrr-chunntas air a' phròiseact agus mun fhiosrachadh a bhathas air thrusadh gu saor-thoileach le Graham Brus. Bha seo na cothrom bruidhinn air dualchas agus luach Thaigh-sgoile Loch Chroispol cho math ri comharraidhean eachdraidheil a lorgas ann agus mun cuairt air an àite, agus cuideachd na cothrom do choimhearsnachdan an àite agus luchd-tadhail cluinntinn mun làrach gus am bith spèis a bharrachd ac' air an dualchas, agus gu h-àraidh foghlam ann an Alba agus ann an Dùthaich Mhic Aoidh.





### Bàrr na duilleig

- [Anndra PK Wright OBE](#) Ailtire Cairte - turas glèidhteachais agus sàbhailteachd na làraich san Dàmhair



*"Chan eil teagamh ann gur i làrach sònraichte fhèin cudromach a th' innte agus chuireadh e annas orm nam faighinn lorg air a leithid de sheann sgoil bhon ochdamh linn deug air tuath is air iomall a ghabhas aithneachadh fhathast mar sgoil an dèidh cur an gnìomh Achd an Fhoghlaim bho dheireadh na naoidheamh linne deug. Ma tha togalaichean anns an staid seo ri lorg ann an àite eile tha deagh theansa ann gu bheileas air atharrachadh agus an cleachdadh an dòigh eile. Bith e nas fhasa tuigse dè mar as còir an làrach a chomharrachadh agus a dhìon nuair a thuigeas dè dha-rìribh luach na làraich, le fios gur e glèidhteachas na làraich na cheann-uidhe."*

## Leantainn an adhartais

- [Deisealachadh airson na h-obrach](#)
- [Àrc-eòlas seachdain 1](#)
- [A' tuigsinn an fhearainn](#)
- [Àrc-eòlas seachdain 2 a' lorg gàinne nuadh-litic](#)
- [Taisbeanadh air an togalach bho Mhàrt 2009](#)
- [Turas beò 360° air an sgìre mu thimcheall air an Taigh Sgoile](#)
- [A' cur na h-eachdraidh is a' rannsachadh an dualchais](#)